

## **GEÀRR-CHÙNNTAS GNÌOMHACH**

### **Cùl-fhiosrachadh**

Is e seo a' chiad aithisg aig Luchd-sgrùdaidh nan Casaidean ann an Alba. B' e stèidheachadh an Luchd-sgrùdaidh seo a' chiad mholadh a rinn an Dr Raj Jandoo anns an aithisg aige do mhinistearan as dèidh murt Chhokar ann an 1998.

B' e an dàrna moladh aige gum bu chòir an Luchd-sgrùdaidh ùr aithisg a dhèanamh air mar a tha Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Luchd-casaid a' Chrùin (an Roinn) a' dèiligeadh ri cùisean cinnidh. Tha an aithisg seo a' cur a' mholaidh sin an gnìomh.

Mhol an Dr Jandoo nach bu chòir don aithisg a bhith air a cuingealachadh ri obair pàipeir a mhàin ach gun deidheadh beachdan bhon taobh a-muigh a shireadh cuideachd. Air sàilleabh sin, chuireadh fios gu iomadh buidheann air feadh na h-Alba, tro cheisteachanan agus agallamhan le luchd-fulaing, eadar-theangaichean, eòlaichean agus eile. Chaidh Buidheann-fiosrachaidh a stèidheachadh de dhaoine le ùidh agus eòlas anns a' chuspair sgrùdaidh airson cuideachadh agus stiùireadh a thoirt seachad do luchd-deasachaidh na h-aithisge.

Aig cridhe na h-aithisge tha sgrùdadh air ciamar a tha an Roinn air dèiligeadh ri toradh rannsachadh an Dr Jandoo's ach tha i cuideachd a' coimhead ri eucoir cinnidh fhèin agus ceistean fastaidh anns an Roinn.

### **Eucoir Cinnidh**

Nuair a chaidh aontachadh ri Achd na h-Eucoir agus Mi-riaghailt 1998 agus a chaidh eucoirean agus lochdan reachdail sònraichte a chruthachadh, thàinig air an Roinn gabhail ri poileasaidh teann agus siostam marasglachaidh a chur air dòigh. A thuilleadh air seo, fhuair am Poileas stiùireadh teannbhon Mhorair Tagraidh a thaobh rannsachadh agus clàradh eucoirean gràin-cinnidh.

Fhuair sinn gu robh daoine anns an Roinn glè eòlach air a' phoileasaidh agus gu robh sùil gheur aca air agus gun deach cumail ris gu dùrachdach anns a h-uile suidheachadh cha mhòr. Thàinig gnothaichean gu cùirt ann an mu 85% de chùisean, an coimeas ri 60% ann an cùisean air fad, far a bheil fuasglaidhean eile, leithid càin airgid, ceadaichte. Chaidh coimhead gu mionaideach ri gèilleadh a' Phoileis ris a' phoileasaidh agus tha cùisean a' dol am feabhas an-seo cuideachd. Tha e follaiseach gu bheil am poileasaidh ga dhèanamh soilleir nach tèid eucoir den leithid a cheadachadh ann an dòigh sam bith. Bha cuid den luchd-obrach, luchd-dìon agus siorraman a' gearan gu robh am poileasaidh ro rag ach bha an luchd-fulaing den bheachd gur e an dòigh-obrach cheart a bh' ann.

Chaidh am poileasaidh aontachadh as dèidh co-chomhairleachadh leis a' Choimisean air Co-ionannachd Cinnidh, rud nach do thachair riamh roimhe, agus cha bhiodh e iomchaidh aig an ìre seo an dòigh-obrach seo a lasachadh.

Fhuair sinn gu robh an ìre dìtidh ann an eucoirean cinnidh air leth àrd aig mu 80% agus gu robh an àireamh dhaoine a chaidh a dhìtheadh a' dol an àirde gu mòr bliadhna as dèidh bliadhna. Bha sinn duilich, agus chuir e beagan iongnaidh oirnn, faicinn gu robh na h-eucoirich de gach gnè agus de gach aois, agus nach b' e dìreach fireannaich òga a bh' annta. Cha do ghabh sinn uiread iongnaidh gu robh mòran de na h-eucoirich air a bhith ri eucoir roimhe (71%).

Mar sin, anns an fharsaingeachd, fhuair sinn gu robh an Roinn a' cleachdadh nan ullachaidhean reachdail agus gu robh am poileasaidh ga chur an gnìomh agus ga mharasglachadh gu teann. Gu dearbh, chan aithne dhuinn poileasaidh eile air a bheil sùil cho geur ga cumail.

### **Eadar-theangaichean**

Fhuair an Dr Jandoo gur e uireasbhaidh mhòr ann an cùis Chhokar nach deach eadar-theangaichean agus eadar-theangachadh a sholarachadh.

Tha an Roinn air stiùireadh mionaideach a thoirt seachad air ciamar a thèid eadar-theangaichean a chleachdadh agus tha an Roinn air feuchainn ri piseach a thoirt air ìrean feabhais le bhith ag ràdh gu feum, ma tha e idir comasach dhaibh, Diploma ann an Eadar-theangachadh Sheirbheisean Poblach a bhith aig eadar-theangaichean agus gu feum iad a bhith air obair eadar-theangachaidh cho-amail agus cho-leantaileach a dhèanamh ann an cùirt o chionn ghoirid. Chaidh riaghailt airson eadar-theangaichean a stiùireadh a chruthachadh.

Chan e an Roinn a mhàin a bhios a' cleachdadh eadar-theangaichean ann an Siostam a' Cheartais Eucoirich. Bidh am Poileas agus Seirbheis nan Cùirtean gan cleachdadh cuideachd (airson daoine fo chasaid) agus fhuair sinn gu robh na com-pàirtichean fa leth a' cleachdadh na h-aon dòigh-obrach, agus b' e sin a' Bhuidheann Gnìomha air Eadar-theangaichean agus Eadar-theangachadh. Is e seo, nar beachd-sa, an dòigh as fheàrr air piseach agus cunbhalachd a thoirt air ìrean obrach.

Rinn sinn conaltradh le mòran eadar-theangaichean le ceisteachan no le agallamh. Bha beachdan eadar-dhealaichte aca. Shaoil cuid gum biodh e feumail trèanadh a thoirt do na pearsaichean cùirte uile, a' gabhail a-steach bhritheamhan, luchd-casaid agus luchd-dìona, air ciamar a chleachdar eadar-theangaichean. Bha amannan fois na dhuilgheadas cuideachd agus dòighean giùlain a dh' ionnsaigh eadar-theangaichean. Tha sinne a' dèanamh grunnan mholaidhean ach gun teagamh tha cùisean air fàs mòran nas fheàrr anns an Roinn air solarachadh eadar-theangaichean do dhaoine aig nach eil Beurla mar chiad chànan.

Tha seo fìor cuideachd mu eadar-theangachadh fhèin agus bho 2000 tha an Roinn air a bhith a' tionndadh phàipearan cùirte agus eile do grunn chànanan. Tha seo a' gabhail a-steach bhileagan air cuspairean farsaing leithid "A' Seasamh Fianais", gearanan an aghaidh nam poileas, fiosrachadh air dreuchdan agus eile.

A thuilleadh air seo, tha a h-uile cùis cinnidh ga chur don tionnsgnadh air Fiosrachadh agus Comhairle do Luchd-fulaing a tha a' toirt fiosrachadh do luchd-fulaing, agus daoine a chaill càirdean agus caraidean.

Anns an fharsaingeachd, tha sinn den bheachd gu bheil na h-atharrachaidhean air mòran a dhèanamh gus na h-uireasbhaidhean a nochd ann an cùis Chhokar a shlànachadh.

## **Fastadh**

Tha an Roinn air feuchainn ri luchd-obrach a thàladh bho na mion-choimhearsnachdan cinnidh ann an Alba. Tha Cùntas-cinn 2001 a' sealltainn gu bheil 2% de mhuintir na h-Alba anns na mion-choimhearsnachdan agus sheall àireamhan luchd-obrach na Roinne o chionn ghoirid gu bheil mu 2% aca a' buntainn ri aon de na mion-choimhearsnachdan sin. Anns an dòigh sin tha an Roinn a' leantainn a' phàtrain nàiseanta.

Tha na h-àireamhan sa cheud ag atharrachadh bho sgìre gu sgìre ach fhuair sinne gu robh iad an ìre mhath co-ionnan ris na h-àireamhan ionadail airson mion-choimhearsnachdan.

Chleachdadh iomadh dòigh agus seòl airson daoine a thàladh, a' gabhail a-steach tadhal air sgoiltean agus fèilltean dreuchd, fo-fhastadh do agus bho Chomhairlean air Co-ionnanachd Cinnidh agus eile. Fhuair sinne nach robh mòran oileanach anns na mion-choimhearsnachdan a' leantainn an lagha mar dhreuchd ach bha an Roinn soirbheachail o chionn ghoirid ann a bhith a' tàladh luchd-trèanaidh bho na mion-choimhearsnachdan cinnidh.

Chuir Achd nan Dàimhean Cinnidh (Atharrachadh) 2000 grunn dhleastanasan marasglachadh luchd-obrach air buidhnean poblach agus ann an suirbhidh fhuair an Coimisean air Co-ionnanachd Cinnidh gur b' e seo aon àite far am bu chòir barrachd gèillidh don phoileasaidh a bhith ann. Fhuair sinne gu robh seo fìor airson na Roinne cuideachd ach bha planaichean deimhinnte ann (mar a chaidh iarraidh) a thaobh toradh a' mharasglachaidh fhoillseachadh; bha am fiosrachadh ri fhaighinn ach bha feum air a chruinneachadh, fhoillseachadh agus, an rud as cudromaiche, a mhìneachadh.

A thaobh trèanaidh airson an luchd-obrach uile, chaidh prògram dà latha airson aire a thogail mu iomadachd beatha a dhealbhadh agus a chur an gnìomh. Bha seo a' gabhail a-steach mòran comhairle bhon taobh a-muigh agus chaidh marasglachadh teann a dhèanamh air. Fhuair deagh bheachdan agus tha an Roinn a-nis air feuchainn ri buaidh a' phrògram a thomhas. Tha saibhreas stuthan mu iomadachd ann don luchd-obrach air eadra-lìon na Roinne.

Tha an Roinn air a bhith soirbheachail ann a bhith a' ruigsinn targaidean Riaghaltas na h-Alba airson luchd-obrach bho na mion-choimhearsnachdan cinnidh agus tha iad air làn phrògram togail aire a thoirt don luchd-obrach uile. Tha an Roinn air mòran a thasgadh anns an iomairt seo.

## **Co-chomhairleachadh**

Is e amas na Roinne seirbheis ùr-nodha, neo-eisimeileach a lìbhrigeadh a bhios a' leantainn chùisean lagha ann an dòigh chothromach, chunbhalach, gu math a' phobail agus a' freagradh feuman a' phobail.

Fhuair an Dr Jandoo gu robh daoine, airson ro fhada, a' meas na Roinne neo-phearsanta, mòr-chùiseach, falachaidh, gun a bhith cunntachail do dhuine beò.

Dìreach as dèidh cùis Chhokar, stèidhich an Roinn a' Bhuidheann air Roi-innleachd Cinnidh (Roi-innleachd Iomadachd a-nis) le Àrd-neach-lagha a' Chrùin anns a' chathair. Is e obair na Buidhne a bhith a' deasachadh roi-innleachd na Roinne air ceistean cinnidh agus marasglachadh a dhèanamh air a' Phlana Roi-innleachdail.

Tha a' bhuidheann phoileasaidh mheadhanach seo gun samhail airson gur e Ministear a tha sa chathair, agus tha e a' taisbeanadh don luchd-obrach agus don phoball dealas na Roinne airson am poileasaidh a choileanadh.

Airson beachdan fhaighinn bhon t-sluagh ris a bheil iad a' frithealadh tha an Roinn air iomadh tionnsgnadh a thòiseachadh leithid Buidheann Comhairleachaidh air Co-ionannachd a stèidheachadh a bhios, a measg obair eile, a' toirt seachad comhairle neo-eisimeileach air buaidh phoileasaidhean a tha ann an-dràsta agus a tha san amharc air ceistean co-ionannachd. Is e fòram a th' ann airson beachdan.

Chaidh Sgioba Cinnidh a chruthachadh taobh a-staigh na Roinne airson am Plana Gnìomha air Co-ionannachd Cinnidh (PGCC) a dheasachadh agus cuideachadh ga chur an gnìomh agus airson comhairle a thoirt do na Sgiobannan Ionadail airson Stòrasan Iomadachd. Tha na sgiobannan seo aig cridhe na h-obrach airson poileasaidh a chur an gnìomh aig ìre ionadail agus tha na dreuchdan aca a' gabhail a-steach poileasaidh casaid air eucoir cinnidh a mharasglachadh cho math ri fastadh agus gnothaichean eile. Tha an Roinn gan cleachdadh mar dhòigh air a dhol an lùib an t-sluaigh anns na sgìrean. Chruthaich an Sgioba Cinnidh seòl airson buaidh na h-obrach a thomhas a chleachdas manaidsearan aig ìre ionadail agus tha an Coimisean air Co-ionannachd Cinnidh air làrach-lìn a chur air dòigh o chionn ghoirid far an lorgar comhairle den t-seòrsa.

Tha na h-innleachdan a tha an Roinn a' cleachdadh gam meas mar oidhirp mhòr airson conaltradh a dhèanamh leis na mion-choimhearsnachdan cinnidh ann an Alba agus na beachdan aca a shireadh. Tha deagh bheachd aig daoine orra agus tha feadhainn ag ràdh gur e sàr eisimpleir a th' annta do bhuidhnean eile, ged nach eil an Roinn fhèin làn deònach am beachd seo a chur an cèill.

## **Sgeama Co-ionannachd Cinnidh**

As dèidh aithisg an Dr Jandoo chruthaich an Roinn Plana Gnìomha Jandoo nuair a ghabh am Morair Tagraidh ris a h-uile moladh a rinn e (40 uile gu lèir).

Mhìnich am plana gach moladh aig 'Jandoo' ag ràdh dè a dhèanadh an Roinn agus cuin. Chruthaich seo slat-tomhais anns a' bhad airson adhartas a mheasadh agus thug e seòl don Bhuidheann Roi-innleachd Cinnidh, a bha air ùr stèidheachadh, airson tomhas agus breithneachadh air adhartas. Ruigeadh prìomh chlachan-mìle a' phlana, a' gabhail a-steach stiùireadh don phoileas agus am prògram aire air iomadachd.. Rinneadh seo gu dealasach agus chaidh a' mhòr-chuid de na h-amasan a ruigsinn.

Dh' òrdaich An Achd Dhàimhean Cinnidh (Atharrachadh) 2000 gun deasaicheadh agus gum foillsicheadh buidhnean poblach Sgeama Co-ionannachd Cinnidh ro 30 Samhain 2002, a' mìneachadh ciamar a bha iad dol a choilionadh nan dleastanasan aca a thaobh co-ionannachd cinnidh a bhrosnachadh. Dh' fhoillsich Riaghaltas na h-Alba Tar-sgeama Co-ionannachd Cinnidh agus dh' fhoillsich an Roinn Plana Gnìomha air Co-ionannachd Cinnidh (PGCC) a ghabh àite Plana Jandoo airson na mòr-chuid.

Tha a' Bhuidheann Roi-innleachd Cinnidh a' cumail sùil gheur air a' PGCC agus tha deagh bheachd aig daoine air a' Phlana air sgàth cho mionaideach 's a tha e. Rinneadh ath-bhreithneachadh air o chionn ghoirid. Fhuair eadhon gun deach na prìomh amasan uile a choilionadh agus chaidh amasan ùra a shònrachadh airson Bliadhna 4.

Fhuair sinn gu robhas a' gabhail ris an roi-innleachd gu dìcheallach agus gu robh deagh mharasglachadh ga dhèanamh. Bha e follaiseach gu robhas deònach ionnsachadh agus atharrachadh a rèir eòlais.

### **Beachdan Co-dhùnaidh**

Anns an fharsaingeachd shaoil sinn gu robh an Roinn, anns na 6 bliadhna bho chùis Chhokar, air deagh adhartas a dhèanamh air iomadh ceist agus ann an iomadh suidheachadh.

Tha cùisean air leth dòchasach agus tha fianais shoilleir ann gu bheileas dealasach gus an obair a choileanadh le ceannardas làidir ga nochdadh aig ìre nam Ministearan agus nam Manaidsearan.

Tha sinn a' rabhadh an aghaidh somaltachd ach cha robh fianais sam bith ri lorg gu robh seo ann. Ged a tha iomadh moladh againn ri dhèanamh, tha iad a' buntainn ri mion phuingean agus cha deach uireasbhaidh bhrìoghmhor sam bith a lorg ann am poileasaidh no cleachdadh. Gu dearbh, bha an Roinn an tùs chùisean a thaobh thionnsgnaidhean ùra agus obair com-pàirteachaidh.

**Eòsaph T O' Donnell**  
**Àrd-neach-sgrùdaidh**